

Bòrd MG ALBA

30/11/23

PQ/Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Iain Moireasdan, Calum MacLeòid, Marion Nic na Ceàrdaich, Iain Mac a' Mhaoilein, Rhoda NicDhòmhnaill, Ingrid NicEanraig, Ceit-Anna NicLeòid, Màiri Kidd

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)

Maireadh Chamshron [MC] (Stiùiriche Susbaint)

Donnie Dòmhnallach [DMD] (Ceannard Gnìomhachais)

Uisdean MacLeòid [UML] (Ceannard Teicneòlais & Oighreachd)

Rowan NicPhàdraig [RP] (Manaidsear Conaltraidh)

Sarah Dhòmhnallach [SMD] (Ceannard Ionmhais & Dearbhaidh) – puingean 14 & 15

Mairi Anna NicAonghais [MAMI] (Rùnaire)

Mairead Màiri Mhoireach [MM] (Ceannard Sheirbheis Ghàidhlig a' BhBC) - puingean 9 & 10a

Steve Carson [SC] (Stiùiriche BBC Scotland) - puing 10a

Ramsay Smith (Media House) – puing 12

1. Leisgeulan

1.1 Cha robh gin.

2. Gnothach dearbhte

2.1. Cha robh gin.

3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh agus gnothaichean ag èirigh (15/6/23)

3.1. Chaidh a' gheàrr-chunntas a mholadh le Marion Nic na Ceàrdaich agus a dhaingneachadh le Màiri Kidd.

4. Comataidhean

Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh

- 4.1. Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 9/11/23 agus chaidh deasbad a chumail air na prìomh phuingeann; ghabh iad fainear cho cudromach 's a bha e gun dèan gach cuid buill agus daoine air ùr thòiseachadh sa bhuidheann trèanadh dìon-saidhbear.
- 4.2. Chomharraich buill Aithisg Bhliadhnail Slàinte & Sàbhailteachd 2022/23, a bha air a chur air adhart leis a' Chomataidh.
- 4.3. **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 4.4. **Gnìomh:** 1) thèid trèanadh dìon-saidhbear a chur air dòigh do bhuill. **(IG)**

Comataidh Lèirsinn

- 4.5. Chomharraich am Bòrd gun do ghabh iad fainear do gheàrr-chunntas de choinneamh 7/11/23 agus chaidh deasbad a chumail air na prìomh chuspairean.
- 4.6. Bha aithne ann gu robh a' Chomataidh a' neartachadh na buidhne airson an ama ri teachd bho thaobh luchd-ùidhe, planadh leantainneach an dà chuid luchd-obrach agus buill, comasan dàta (a bhios gu cunbhalach air a' chlàr).
- 4.7. **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 4.8. **Gnìomh:** 1) thèid aonta a ruighinn le companaidh gus am bi am buidheann deiseil airson iomairt fastaidh aig àrd-ìre nuair a bhiodh feum ann an suidheachadh planadh leantainneachd **(DC)** agus 2) thèid margaidheachd agus *discoverability* a chur air clàr na Comataidh. **(MAMI)**

5. Aithris a' Chathraiche

- 5.1. Dh'innis an Cathraiche mu na coinneamhan, cuirmean agus tachartasan san robh e an sàs sa chairteal mu dheireadh.
- 5.2. Chaidh iomradh a thoirt air na coinneamhan agus obair a tha an-dràsta a' dol a-steach a thaobh Bile nam Meadhanan.
- 5.3. Chaidh a chomharrachadh gun deach turas Chris Bryant BP a Steòrnabhagh gu math, le aithne aige air mar am buidheann a' cur ri obraichean agus an eaconamaidh.
- 5.4. Chaidh an Cathraiche agus an AO gu coinneamh Comataidh Chomhairleachaidh Ofcom air 29/11/23.
- 5.5. Chaidh innse gu bheil an sanas airson buill ùra air a dhol beò le Ofcom agus chaidh iarraidh air buill fios a chur air adhart gu duine sam bith air an robh iad eòlach aig am biodh ùidh.
- 5.6. **Co-dhùnadh:** bha buill riarachtaichte.
- 5.7. **Gnìomh:** thèid litir a chur gu Chris Bryant MP. **(RMD)**

6. Aithisg an AO + SAS

- 6.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air na nithean a tha air aire an Àrd-Oifigeir agus an Sgioba Àrd-Stiùiridh an-dràsta.
- 6.2. Chaidh aithne a thoirt gu bheil am buidheann air an tuilleadh nithean a chur an sàs gu am buidheann a dhion bho ionnsaigh saidhbear.
- 6.3. Chaidh innse gu bheil na Ceannardan ùra air diofar a dhèanamh ri obair na buidhne.
- 6.4. Chaidh innse gu bheil cultar ùr dha chuir an sàs, le soilleireachd mu uallaichean luchd-obrach agus mun ùghdarras a tha aca taobh a-staigh frèam-obrach tiomnachaidh agus dearbhaidh.
- 6.5. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air Aithisg an AO dhearbh am Bòrd gun do ghabh iad fainear do Aithisg an Àrd-Oifigeir agus an Sgioba Àrd-Stiùiridh.

7. Dèanadas agus Cunntasan Q2

- 7.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' toirt sealladh don Bhòrd air coileantachd amasan (KPIs) a' Phlana Obrachaidh bliadhnail; agus coileantachd bhuidseatan mu choinneimh a' Phlana Obrachaidh bhliadhnail.
- 7.2. Chaidh deasbad coileanta a chumail mu phrìomh amasan, a' toirt a-steach gluasad gu riochdachadh ùr de na KPIs airson toiseach na h-ath bhliadhna ionmhais.
- 7.3. **Co-dhùnadh:** gabh buill fainear.

8. Clàr Riosgan & Frèam-obrach Dearbhaidh

- 8.1. Bha pàipear adhartais le Frèam-obrach Dearbhaidh agus Clàr nan Riosgan air beulaibh bhall.
- 8.2. Bha aithneachadh ann gu bheil dìon-saidhbear air a bhith air àrdachadh sa bhuidheann.
- 8.3. **Co-dhùnadh:** às dèidh deasbaid, bha buill riarachtaiche gu bheil gnìomhan gan dèanamh gus na riosgan a làimhseachadh.

9. Ro-innleachd Solarachaidh

- 9.1. Bha pàipear air beulaibh bhall agus chaidh deasbad a chumail.
- 9.2. Aig a' choinneamh shònraichte den bhòrd air 9/11/23 bha barrachd fios mun rannsachadh air roinn solarachaidh MG ALBA/BBC ALBA agus sealladh air an t-slighe air adhart airson comiseanaidh thar nan 2/3 bliadhna air thoiseachd. Bha aithne ann air na dùbhlain a tha air beulaibh feadhainn de na companaidhean riochdachaidh agus dhearbh an rannsachadh an t-suidheachadh seo.
- 9.3. Bha aithne ann gu bheileas air starsaich saoghal didseatach ach fhathast le aon chas san saoghal loidhneach.

- 9.4. Chaidh innse gur e an t-amas gum bi seirbheis buadh-mhor is tarraingeach ann airson gach meur den luchd-amhairc air ùrlaran freagarrach aig cùl gach co-dhùnadh.
- 9.5. Chaidh innse gu bheileas fhathast a’ faicinn luach ann an cùmhnantan ioma bliadhna. Chaidh sgrùdadh a dhèanamh air a’ mhodh-obrach seo le MG ALBA fhèin agus tro Lèirmheas Com-pàirteachas BBC ALBA. Bha gach buidheann a’ faicinn luach annta fhathast airson ceanglaichean dlùth a neartachadh le luchd-solar le spèis is àite airson fàs gach taobh.
- 9.6. Bha tuigse ann gun tèid cùmhnantan airson dealbhan-beò Chloinne a làimhseachadh ann an clàr ama diofraichte agus gu robhas a’ bruidhinn ris a’ BhBC gus an gabhadh iadsan uallach maoin eachaidh le dùil gu leanadh farpais airson na h-obrach sin.
- 9.7. Chaidh innse gur ann tron chùmhnant Rannsachaidh a thathas a’ faighinn fiosrachadh bhuapasan fo aois 44 a thaobh nam feumalachdan aca ach gu bheileas fiosraichte gur iad comadaidh agus dràma a tha cudromach dhaibh.
- 9.8. Chaidh a dhaingneachadh gu robh oifigearan a’ coimhead air cùmhnantan sùbailte no le teirm de 2 bhliadhna le roghainn + 1 bliadhna ma tha toil aig a’ bhuidheann agus aig an luchd-solar.
- 9.9. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail dhearbhadh am Bòrd 1) gu robh iad fiosraichte; 2) gu robh iad ag aontachadh ris an ro-innleachd airson an roinn solarachaidh agus 3) gu robh iad a’ gabhail ri na molaidhean airson cùmhnantan ioma-bhliadhnail.
- 9.10. **Gnìomh:** 1) thèid sanasan mionaideach ullachadh le beachd iad sin fhoillseachadh gu poblach s/t 11/12/23; 2) nithear measadh air na tagraidhean sa Ghearran 2024, mu choinneimh nan slatan tomhais a chaidh fhoillseachadh agus 3) thig molaidhean air ais chun Bhùird airson aonta aig deireadh a’ Ghearrain/toiseach a’ Mhairt 2024. (MC)

10. a) BBC ALBA – tabhartas a’ BhBC

- 10.1. Chuir an Cathraiche fàilte air MM agus SC chun choinneimh.
- 10.2. Bha pàipear agus taisbeanadh air beulaibh bhall le fiosrachadh às ùr mu adhartas a rinn am BBC mar phàirt den Lèirmheas air Com-pàirteachais BBC ALBA.
- 10.3. Anns an taisbeanadh chaidh cumadh maoin a BhBC airson BBC ALBA a dhealbhadh airson na 3 bliadhna air thoiseach. Bha seo fhathast ri dhol gu bòrd a’ BhBC.
- 10.4. Chaidh innse gu bheil *remix* na phàirt mhòr de mhodal a’ BhBC, a chuireas cudrom air barrachd luach fhaighinn bho gach gnè, le aithne gur ann air *digital future* a bhios a’ mhòr chuid de iomairt a’ BhBC.
- 10.5. Bha Foghlam, Naidheachdan is Prògraman Chloinne mar ghnèithean air ainmeachadh

airson leasachadh sònraichte agus is tha sin a' tachairt tro remix air Prògraman Chloinne is an airgead às ùr gearr-ùine airson Foghlam agus leantainneach airson na Naidheachdan.

- 10.6. A taobh prògraman Chloinne tha am BBC deònach na 35 uairean de dhealbhan beò a tha MG ALBA a' maoineachadh bho companaidh neo-eisimeileach a ghabhail os làimh – ach chan eil airgead ùr ann airson sin. Leis an sin, 's e buannachd a-mach à remix a' BhBC a bhios ann. Bidh cùmhnant airson an obair sin a' dol gu tagradh.
- 10.7. Thuirt SC gu bheil BBC ALBA na cho-bhanntachd air leth cudromach airson a' BhBC agus gu bheil iad a' coimhead ri co-bhanntachd a bhith ann aig ìre bùird.
- 10.8. Chaidh a ràdh le aona bhall nach eil an compàirteachas air a bhith follaiseach ann an dà-rìribh agus bho thaobh Riaghlachas, eadar an dà Bhòrd, agus gu robhas den bheachd nach robh e iomchaidh don BhBC a bhith a' fàgail aig BBC Scotland airgead a bharrachd a lorg airson na co-bhanntachd seach an t-airgead a bhith a' tighinn bhon BhBC gu corporra.
- 10.9. Bha aithne ann gu bheil MG ALBA a-nis timcheall a' Bhùird aig Comataidh Alba a' BhBC airson a' chiad uair agus gu bheil seo na cheum ach gu bheil e cudromach gur e dàimh leantainneach a bhios ann, le fios soilleir air amasan nan coinneamhan.
- 10.10. Bha aithne ann gu bheil uallach aig gach taobh a bhith a' co-obrachadh agus a' dol an sàs ann an còmhradh airson leasachadh a thoirt air a' Cho-bhanntachd, le feum air loidhnichean soilleir air na h-ìrean agus uallach conaltraidh/dol an sàs.
- 10.11. Thuirt MM, leis gu bheil am BBC air a dhol tro thòrr atharrachadh riaghlachais sna bliadhnaichean a dh'fhalbh gur e àm mhath a bh' ann leasachadh a dhèanamh.
- 10.12. Thuirt MM gu bheil fòcas air a bhith ann air fàs an luchd-amhairc air an taobh didseatach agus air fàs naidheachdan agus ionnsachaidh.
- 10.13. Bha aithne ann gu feum am BBC a bhith nas fheàrr air cross promotion agus chaidh innse gur e prionnsabalan na h-obrach a chaidh a dhèanamh a bhith a' taiceachadh an cànan agus an luchd-cleachdaidh le susbaint.
- 10.14. Chaidh innse gu bheil adhartas air a bhith ann sna 18 mìosan a dh'fhalbh, ag obair gu ro-innleachdail air feadh spòrs, dràma agus ceòl.
- 10.15. Chaidh faighneachd a thaobh discoverability an robh planaichean sam bith aig a' BhBC a thaobh a bhith a' margaidheachd digital first san roinn didseatach gus luchd-amhairc a ruighinn. Thuirt MM gu bheil am BBC gun cunbhalach a' draibheadh luchd-amhairc chun iPlayer ach gu bheil aithne ann gu feum làthaireachd air leithid YouTube fhàs.
- 10.16. Chaidh cudromachd an co-obrachadh le buidhnean bhon taobh a-muigh leithid HIE agus Alba Chruthachail a chomharrachadh agus bha aonta ann gu feumar obair a dhèanamh air na dàimhean sin, le feum air ceangal bòrd ri bòrd agus ceangal oifigearan.

- 10.17. Dh'fhàg MM agus SC a' choinneamh.
- 10.18. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill an taisbeanadh fhaicinn agus ceistean iomchaidh a chur, dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte agus gum biodh buaidh nam molaidhean aig a; BhBC air am fighe a-steach do phlana MG ALBA airson na 3 bliadhna air thoiseach agus thug am Bòrd taing don BhBC airson an saothair.

10 b) BBC ALBA – tabhartas MG ALBA

- 10.19. Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gu bheil pròiseas gnìomha a' BhBC a thaobh maoineachadh BBC ALBA sna 3 bliadhna air thoiseach a-nis a' teannadh dlùth air crìochnachadh agus chaidh deasbad a chumail.
- 10.20. Bha aithne ann gu feumar a bhith a' coimhead aig an aon àm ri na bhiodh an lùib a bhith a' cur susbaint gu ùrlaran far an robh an luchd-coimhid nach robh a' cleachdadh a' BhBC.
- 10.21. Bha aithne ann gu feum còmhraidhean riaghalachais aig àrd ìre aig a' BhBC a bhith ann.
- 10.22. Thèid coimhead sa Mhàrt 2024 air am biodh e iomchaidh ùrachadh a dhèanamh air an Aonta Laghail leis a' BhBC.
- 10.23. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill còmhradh a chumail agus ceistean iomchaidh a chur chomharraich am Bòrd gur ann air 19/12/23 a bha dùil ri Buidseat bho Riaghaltas na h-Alba agus gu robh MG ALBA ag ullachadh Plana Obrachaidh 2024/25 a dh'fheumadh a dhol gu Ofcom ro dheireadh an Fhaoilich 2024. Mar sin, cho-dhùin am Bòrd gum biodh tabhartas MG ALBA do chompàirteachas BBC ALBA airson 2024/25 air a dhealbhadh sa Phlana Obrachaidh.
- 10.24. **Gnìomh:** Thèid moladh a chur fa chomhair na h-ath choinneimh air am bu chòir ùine is airgead a chur mu choinneimh Aonta Laghail ùr leis a' BhBC no am bu chòir feitheamh gus am bi BBC Charter Review dèante. (DC)

11. Reachdas

- 11.1. Bha pàipear air beulaibh bhall ag innse gu bheil Bile nam Meadhanan a-nis a' gluasad gu ìre Comataidh ann an Taigh nan Cumantan. Aig an dàrna leugh, b' e an dearmad a thaobh craoladh Gàidhlig aon de na cuspairean a bu mhotha air an deach bruidhinn.
- 11.2. Chaidh innse gu bheileas a' bruidhinn ri diofar buill Pàrlamaid agus Morairean gus dèanamh cinnteach gu bheil taic ann. Aig an ìre seo, 's e am faireachdainn nach bi atharrachadh (amendment) ioma-fhillte no co-cheangailte ri maoin soirbheachail. Tha faireachdainn ann gu faodadh atharrachadh sìmplidh mu aithne / inbhe PSB a bhith soirbheachail.

11.3. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail, dhearbhadh am Bòrd gu robh iad taiceil do bhriathrachas an atharrachaidh a bhathas a' sireadh ann am Bile nam Meadhanan.

12. Maoineachadh

12.1. Chaidh fàilte a chur air RS chun choinneimh.

12.2. Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh cuid de na ceumannan a thèid a ghabhail a-nis, le fàilte ga chuir air comhairle agus molaidhean nam ball agus bha cuideachd aithisg EY fhèin air am beulaibh agus chaidh deasbad a chumail.

12.3. Bha beachdan aig buill air ciamar a rachadh an aithisg a leasachadh.

12.4. **Co-dhùnadh:** dh'iarr buill air oifigearan a dhol air ais gu EY a' sireadh soilleireachadh air ciamar a thèid an dùbhlain maoineachaidh a shealltainn, le beachd gu bheil e a' cur fòcas air maoineachadh bho dhiofar thobraichean le dorsan fosgailte gu maoineachadh bho caochladh àiteachan.

12.5. **Gnìomh:** thèid an aithisg a cho-roinn le iomairt conaltraidh mu thimcheall. (DC)

13. Daoine

13.1. Aig coinneimh neo-fhoirmeil air an 9/11/23 chaidh taisbeanadh a dhèanamh air structar an luchd-obrach.

13.2. An lùib rudan eile, thog buill gu robh iad a' faicinn gun tigeadh buannachd a-mach à dreuchd aig àrd ìre a bhiodh a' coimhead air mar a tha am buidheann a' cur daoine, so-mhaoin agus airgead gu feum agus mar a tha sin a' cruthachadh luach le buidhnean eile agus chaidh aontachadh tuairisgeul obrach a chur fa chomhair a' Bhùird.

13.3. Bha na trì prìomh amasan airson na h-obrach sin air beulaibh bhall.

13.4. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad a chumail dhearbhadh am Bòrd gu robh iad aontaichte air an fheum airson eòlas ro-innleachdach a bharrachd a thoirt a-steach don bhuidheann agus gun deigheadh sin fhisge a-steach do phlana luchd-obrach airson 2024/25 a bhiodh an cois a' Phlana Obrachaidh 2024/25.

14. Plana Obrachaidh 2023/24 – lèirmheas leth-bhliadhnail

14.1. Bha pàipear air beulaibh bhall le fios às ùr air adhartas leis a' Phlana Obrachaidh, le buill gan stiùireadh chun Pasgan Cunntasachd fo phuing 7c.

14.2. Chaidh fàilte a chur air mar a bhathas a' cosg an airgid gu ro-innleachdail.

14.3. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad a chumail dhearbhadh am Bòrd gu robh iad fiosraichte agus tuigseach mu shuidheachadh a' Phlana Obrachaidh 2023/24

15. Plana Obrachaidh 2024/25 – planadh

- 15.1. Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh gach bliadhna bidh MG ALBA ag ullachadh Plana Obrachaidh airson na h-ath bhliadhna ionmhais le feum air dreachd a bhith aig Ofcom ro 31/1/24, a rèir am Protocol.
- 15.2. Aig àm sgrìobhaidh nam pàipearan tha iomadh mi-chinnt ann nam measg 1) cha bhi buidseat Riaghaltas na h-Alba ann gu 19/12/23 2) chan eil e soilleir an tìg airgead sònraichte a bharrachd airson iomairtean didseatach SpeakGaelic agus Digital Participation, mar a bha anns na 4 bliadhna mu dheireadh agus 3) chan eil e buileach soilleir dè am buaidh a bhios aig àrdachadh na h-atmhorachd air cosgaisean, nan lùib, tuarastail MG ALBA.
- 15.3. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad iomlan a chumail, agus an dèidh do bhuill molaidhean a thabhann, cho-dhùin am Bòrd gu tìgeadh dreachd den Phlana Obrach air am beulaibh ro dheireadh an Fhaoilleach 2024 gus ùghdarras a thoirt a shealltainn do Ofcom
- 15.4. **Gnìomh:** 1) thèid duilleag os-shealladh a dhèanamh mar chùl-fhiosrachaidh airson buill **(SMD)** agus 2) thig am Plana fa chomhair a' Bhùird ro dheireadh an Fhaoilich 2024 **(DC)**.

16. Ùghdarras fo Riaghailtean Ionmhasail

- 16.1. Cha robh gin.

17. Bile nan Cànanan

- 17.1. Chaidh innse gun deach Bile nan Cànanan fhoillseachadh air 30/11/23 le Riaghaltas na h-Alba ach nach robh cothrom air a bhith ann coimhead ris.
- 17.2. Chaidh beagan còmhraidh, ann an co-theacsa gu faodadh cuid a Chomhairlichean Albannach cumhachdan ùra fhaighinn gus Gàidhlig àrdachadh agus am buaidh a dh'fhaodadh sin a thoirt air airgead phrògraman a chosg ann an àiteachan sònraichte.
- 17.3. **Gnìomh:** 1) thèid beachdachadh air bheileas dol a chur fianais a-steach **(DC)** agus 2) thèid seo a chuir air clàr-obrach na Comataidh Lèirsinn. **(MAMI)**

18. Trèanadh bhall

- 18.1. Bha pàipear air beulaibh bhall le dreach phlana trèanadh airson 2024.
- 18.2. **Co-dhùnadh:** thèid am plana a chuir an sàs, le aonta trèanadh AI a thoirt a-mach agus trèanadh Dìon-saidhbear a chur na àite.
- 18.3. **Gnìomh:** thig an trèanadh a chur an cèill. **(MAMI)**

19. Luchd-ùidhe

19.1. Thug am Manaidsear Conaltraidh iomradh air na tachartasan a bha a' tighinn an àrd.

19.2. **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill deasbad a chumail, ghabh am Bòrd faineir.

20. Conaltradh

20.1. Cha robh gin.

21. GISBE

21.1 Le sgioba nàiseanta Alba troimh gu na Euros, chaidh faighneachd am biodh e comasach faighneachd do Viaplay dè chosgadh e do BhBC ALBA na geamannan a shealltainn, le aithne gun toireadh seo togail air ìomhaigh na seanail. Thig fiosrachadh air ais chun Bhùird. (MC)

21.2 Le Iain Mac a' Mhaoilein a leigeil dheth a dhreuchd mar bhall air 31/12/23 chaidh taing a' Bhùird a bhuileachadh air airson a chuid thabhartas an dà chuid air a' Bhòrd agus mar Chathraiche na Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh.

22. Deit na h-ath choinneimh/cinn-là airson 2024

22.1 Le atharrachadh no dhà, aontaichte agus thèid na deitichean a-mach gu buill. (MAMI)